

Aithisg le Foghlam Alba gus dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh bho Chomhairle na Gàidhealtachd sgìre-sgoile a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig ùr Phort Rìgh, agus aig an aon àm sgìrean-sgoile foirmeil a stèidheachadh a thaobh solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) airson sgoiltean taobh a-staigh sgìre a' Bhuidheann Co-cheangailte ri Sgoil Phort Rìgh (ASG).

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a bhith air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg breithneachadh neo-eisimeileach is neo-phàirteach a dhèanamh air moladh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson solar FMG taobh a-staigh an ASG airson Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile airson an sgoil ùr FMG ann am Port Rìgh, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh a thathar a' sùileachadh a bhith a' fosgladh sa Ghearran 2018. Tha am moladh seo cuideachd a' stèidheachadh sgìrean-sgoile foirmeil airson nan solair FMG bun-sgoile air fad san Eilean Sgitheanach. Tha Bun-sgoil Ratharsaigh air eilean faisg air an Eilean Sgitheanach agus tha e mar phàirt de sgìre-sgoil Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha am moladh ag ràdh, nan tigeadh iartas bho phàrant airson FMG a bhith air a thoirt seachad ann am Bun-sgoil Ratharsaigh, gum biodh seo air a mheasadh a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riatanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhan taobh. Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on thig e chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus a' mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga a tha an-dràsta a' faighinn solar FMG; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-

là foillseachaidh na h-aithisg; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;

- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd lùghdachadh no seachnadh droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- frithealadh aig na coinneamhan poblach a chaidh a chumail air 13 agus 14 Sultain 2017 co-cheangailte ri molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a thoirt leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile;
- beachdachadh air tuilleadh riochdachaidhean a chaidh a dhèanamh gu dìreach gu Foghlam Alba mu thaobhan foghlaim bhuntainneach mun mholadh; agus
- cuairtean gu Bun-sgoil An Ath Leathainn, Bun-sgoil Shlèite, Bun-sgoil Stafainn, Bun-sgoil Dhùn Bheagain, Bun-sgoil Chille Mhoire agus Bun-sgoil Phort Rìgh, a' gabhail a-steach conaltradhean le luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a mholadh (mholaidhean) a rèir cumhan Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 agus nan atharrachaidhean ann an Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014.

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 28 Lùnastal 2017 gu 25 Dàmhair 2017. Rè an ama sin, chùim a' chomhairle coinneamhan poblach san Ath Leathann, Dùn Bheagain is Port Rìgh. Bha na h-àireamhan a fhritheil na coinneamhan sin air leth ìosal, is cha do fhritheil duine sam bith tè eile de na coinneamhan. Chaidh fios a-mach sna pàipearan ionadail agus air seirbheisean air-loidhne na comhairle. Chaidh fios a thoirt do luchd-co-chomhairleachaidh reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann, luchd-obrach agus Bòrd na Gàidhlig. Chaidh fios a thoirt cuideachd do bhuidhnean Gàidhlig eile leithid Comann nam Pàrant. Dh'fhoillsich a' chomhairle pàipearan mun cho-chomhairleachadh air a làrach-lìn. Chuairtich iad pàipearan cuideachd gu làn raon de luchd-ùidh is buidhnean eile le ùidh sa chùis. Chuir a' chomhairle ullachaidhean iomchaidh nan àite gus cothrom a thoirt don fheadhainn aig an robh ùidh sa chùis freagairt a thoirt don mholadh, an dà

chuid gu eileagtronaigeach no air pàipear. Bha an àireamh de fhreagairtean sgrìobhte air leth ìosal. Fhuaras freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig a bha a' toirt taic don mholadh. Ghabh a' chomhairle os làimh co-chomhairleachadh le sgoilearan gus dèanamh cinnteach gun robh na beachdan aca air an gabhail a-steach. San fharsaingeachd, bha an fheadhainn a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh a' toirt taic don mholadh sgìre-sgoile a stèidheachadh airson FMG, agus is e glè bheag uallach a chaidh a thogail mun seo.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' comharrachadh a dhealas leantainneach a thaobh fàs an earrainn Ghàidhlig tron mholadh seo. Tha a' chomhairle air taic làidir fhaighinn airson a' mholaidh seo gus sgìrean-sgoile a stèidheachadh a tha sònraichte a thaobh an t-solair Ghàidhlig. Cha mhòr nach eil an luchd-co-chomhairleachaidh air fad ag aithneachadh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd ann an iomadh dòigh a' cur ullachaidhean ann an àite gu foirmeil a tha air a thighinn mun cuairt mar a tha iad air a bhith a' dèiligeadh ri iarrtasan airson FMG thar ùine san Eilean Sgitheanach. Cha mhòr nach eil an luchd-co-chomhairleachaidh a' cur luach air an t-soilleireachd a dh'fhaodadh a thighinn ri linn a bhith a' stèidheachadh sgìrean-sgoile. Tha uallachaidhean reusanta aig pàrantan mu dha no trì thaobhan den mholadh. Ann a bhith a' toirt a mholadh air adhart, feumaidh a' chomhairle a dhol an sàs le luchd-ùidh gus dèiligeadh ris na h-uallachaidhean sin mar a tha air a mhìneachadh san aithisg seo.

3.2 Bha cuid de na pàrantan a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' faireachdainn gun robh na mapaichean a bha an cois an sgrìobhainn molaidh ro choitcheann is nach robh iad mionaideach gu leòr. Bu mhath leotha fiosrachadh mionaideach fhaicinn mu chrìochan nan sgìrean-sgoile.

3.3 Bha beagan den luchd-ùidh às An t-Sruthan a' faireachdainn gum bu chòir dhaibh-san a bhith ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh seach Bun-sgoil Dhùn Bheagain mar a bha san sgrìobhainn. Bha seo gus leigeil le obair chom-pairteachail a dhol air adhart mar a bha a' tachairt le foghlam meadhan na Beurla. A' leantainn air adhart, bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach am biodh buaidh aige seo air obair co-obrachail. Ann an ceann a deas an eilein, bha cuid de na sgoilearan agus na pàrantan nach robh soilleir mun bhuidh a bhiodh aig na sgìrean-sgoile a bhathar a' moladh air an àrd-sgoil a bhiodh iad a' frithealadh. Bha cuid eile a' sireadh soillearachadh air a' bhuidh a bhiodh aig a' mholadh air na h-ullachaidhean a thaobh còmh-dhail airson an t-solair FMG.

3.4 Tha beagan phàrantan a' sireadh fois-intinn gun tèid leantainn air adhart leis na h-ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a thaobh cothrom air FMG, nan deigheadh gabhail ris a' mholadh. Sna cùisean sin, chan eil suidheachadh chloinne san là an-diugh a rèir nan sgìrean-sgoile a thathar a' moladh. Bhiodh seo cuideachd a' buntainn ri clann eile ann an teaghlaichean, a dh'fhaodadh, mar thoradh air na sgìrean-sgoile a thathar a' moladh, a bhith air am meas gu bhith a' frithealadh bun-sgoiltean eadar-dhealaichte. Chan eil am pàipear molaidh a' toirt fiosrachadh mun dòigh a dheigheadh fuasgladh fhaighinn air a' cheist seo.

3.5 Tha am moladh a' dèiligeadh ri bhith a' suidheachadh sgìre-sgoile airson na bun-sgoile ùir FMG ann am Port Rìgh. Ged a tha fàilte mhòr ron leudachadh a tha seo san t-solair, tha cuid de dh'uallachaidhean ann, gum bi pàrantan bho thaobh a-muigh sgìre-sgoile Phort Rìgh san àm ri teachd, a' taghadh na sgoile seo seach an t-solair FMG ionadail aca. Thuir pàrantan ann an sgìrean taobh a-muigh Phort Rìgh gun robh iad sàsaichte leis na sgoiltean ionadail aca. Chun na h-ìre seo chan eil a' chomhairle air mìneachadh dè na buannachdan foghlaim a bhios an cois nam molaidhean aca airson FMG air feadh an eilein. Bhiodh a leithid de mhion-fhiosrachadh na chuideachadh do luchd-ùidh a bhith nas soilleir mu churraicealam an sgoile a thaobh FMG agus mu na dh'fhaodadh na pàrantan a bhith a' sùileachadh. Dh'iarr na pàrantan gum biodh a' chomhairle a' dèanamh barrachd àrdachaidh air na buannachdan a tha an cois FMG. Bha iad a' faireachdainn gur e seo aon dòigh air a bhith a' misneachadh barrachd dhaoine a bhith a' taghadh FMG dhan cuid chloinne agus gun cuidicheadh e ann a bhith a' dèanamh an t-solair FMG nas seasmhaich sna sgìrean as dùthchaile. Bha cothrom air goireasan cùram-chloinne cuideachd air a chomharrachadh mar nì a dh'fhaodadh a bhith na adhbhar carson a bhiodh pàrantan airson a bhith a' cleachdadh FMG taobh a-muigh na sgìre-sgoile a bhathar a' moladh dhaibh. Bu chòir dhan chomhairle beachdachadh air an dòigh anns an dèan iad co-chomhairleachadh le pàrantan mu sholar tràth fhoghlaim agus cùram-chloinne mar dhòigh air toirt dhaibh leantaileachd ann am foghlam 3-12 chloinne san t-solair ionadail FMG aca.

3.6 Tha pàipear molaidh na comhairle ag innse nach eil Bun-sgoil Ratharsaigh air a ceangal a-steach ris na sgìrean-sgoile FMG a thathar a' moladh leis gum biodh astaran fada aig a' chloinn ri dhol. Tha iad a' tuigsinn, nam biodh iarrtas gu leòr ann air a shon, gun coileanadh iad na dleasan a tha air an comharrachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Rè cùrsa a' cho-chonaltraidh reachdail seo, tha pàrantan air ùidh a nochdadh a thaobh a bhith a' leudachadh an ionnsachaidh Ghàidhlig a tha ri fhaotainn do sgoilearan ann am Bun-sgoil Ratharsaigh. Tha cuid eile air nochdadh gur dòcha gum biodh ùidh aca air cothrom air FMG. Dh'iarradh sinn air a' chomhairle a dhol an sàs le pàrantan Bun-sgoil Ratharsaigh gus an ùidh a thaobh na Gàidhlig a thoirt air adhart, mar a bhiodh iomchaidh.

4. Geàrr-iomradh

Tha moladh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson FMG a' tabhann bhuannachdan airson a bhith a' neartachadh na Gàidhlig taobh a-staigh ASG Phort Rìgh. Cha mhòr nach eil an luchd-ùidh air fad a' toirt taic don mholadh leis gu bheil e dìreach a' cur nan ullachaidhean a tha a-cheana nan àite air stèidh fhoirmeil. Ann a bhith a' dèanamh seo tha iad air comharrachadh cùraman reusanta, a bu chòir dhan chomhairle a thoirt air adhart ann a bhith a' crìochnachadh an aithisg. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach dealbhan nas mionaidich de fìor nàdar sgìrean-sgoile FMG. Feumaidh an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aig a' chomhairle mìneachadh gu mionaideach na buannachdan foghlaim a thig bhon mholadh. Bu chòir dhaibh sin cuideachadh ann a bhith a' cur inntinn phàrantan gu fois mu uallachaidhean a tha orra gu faodadh cuid den t-solair FMG a bhith nas tarraingiche na cuid eile. Bu chòir dha a bhith soilleir ciamar a tha an ceannardas ro-innleachdail agus an curraiceala den t-solair FMG air fad, a chaidh an togail sa phàipear molaidh, a' toirt deagh aire do bhith a' faighinn builean de dh'àrd-chàileachd do na sgoilearan air fad ann am FMG. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a' conaltradh ri pàrantan Bun-sgoil Ratharsaigh ann a bhith a' toirt air adhart an ùidh sa Ghàidhlig. San aithisg dheireannach aca, bu chòir dhan chomhairle comharrachadh nan ullachaidhean eadar-ghluasad gus a bhith a' gabhail a-steach nan teaghlachan a tha an-dràsta taobh a-muigh na sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson na sgoile sa bheil an cuid chloinne a' dol an-dràsta agus gun tèid àiteachan a ghealltainn do chlann sam bith a tha nas òige san teaghlach aca.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
Samhain 2017**